

Cuspair Clàir-ghnothaich	3
Àir. Aithisge	G/12/21

COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

Comataidh: Comataidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 16 Sultain 2021

Tìotal Aithisge: Mòd Nàiseanta Rìoghail 2021

Aithisg le: Àrd-Oifigear Gnìomhach, Coileanadh agus Riaghlachas

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

1.1 Tha an aithisg a' toirt fios do Bhuill mu na h-ullachaidhean làithreach a thathar a' cur air dòigh airson Mòd Nàiseanta Rìoghail 2021 (MNR) a chumail ann an Inbhir Nis agus san sgìre mun cuairt san Dàmhair am-bliadhna.

2. Molaidhean

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:

- i. Toirt fa-near dhan phrògram làithreach;
- ii. Toirt fa-near dha na h-ullachaidhean tuiteamais a tha air dòigh airson atharrachadh eadar tachartasan air-loidhne agus aghaidh ri aghaidh;
- iii. Toirt fa-near gun tèid fo-chosg sam bith sa bhuidseat dhealbhaichte, air sàillibh lùghdachadh sna tachartasan aghaidh ri aghaidh, a chur mu choinneamh an £80,000 a chaidh aontachadh le Comataidh nan Goireasan, a' ciallachadh gum bi a' chosgais dhan Chomhairle air a lùghdachadh; agus
- iv. Toirt fa-near do na h-ullachaidhean a tha air dòigh airson dèanamh cinnteach à riaghlachas is sgrùdadh ceart dhen ionmhas a tha a' Chomhairle a' cur ris an tachartas.

3. Buaidhean

3.1 Goireas – Air sàillibh Covid-19, chaidh goireasan a bharrachd aontachadh tro Chomataidh nan Goireasan airson 's gum b' urrainnear am Mòd a stèidheachadh ann an sgìre Inbhir Nis airson an dàrna bliadhna às dèidh a chèile. Cha tèid an t-suim iomlan a thoirt seachad mura tèid prògram iomlan an tachartais a libhrigeadh.

3.2 Atharrachadh Gnàth-shìde/Carbon Ciallach – 'S e tachartas measgaichte a bhios sa Mhòd agus bidh na tachartasan is na gnìomhan an dà chuid 'aghaidh ri aghaidh' agus

air-loidhne. Bidh na tachartasan air-loidhne a' lùghdachadh eimiseanan carboin agus tha an taic a tha a' Chomhairle a' toirt seachad tro choinneamhan Microsoft Teams air-loidhne cuideachd a' cur taic ri clàr-gnothaich atharrachadh na gnàth-shìde.

- 3.3 Cunnart – Bidh prògram deireannach an tachartais agus am measgachadh de thachartasan aghaidh ri aghaidh agus air-loidhne an crochadh air ìre Covid-19 agus buaidh riaghailtean is stiùiridhean sam bith bho Riaghaltas na h-Alba.
- 3.5 Laghail, Coimhearsnachd (Co-ionannachd, Bochdainn, Dùthchail agus Eilean) – chan eil droch bhuaidhean sam bith ann.
- 3.6 Gàidhlig – 'S e tachartas nàiseanta agus eadar-nàiseanta a tha a' cur air adhart cànan is cultar na Gàidhlig a th' anns a' Mhòd. Tha e cuideachd na phrìomh thaisbeanair coileanaidh ann am Plana Gàidhlig na Comhairle.

4. Prògram an Tachartais

- 4.1 A' leantainn air adhart bho aithris Riaghaltas na h-Alba air an 9 Lùnastal gun robhar a' togail riaghailtean astarachadh sòisealta, agus ri linn mì-chinnt leantainneach mu bhuidhean Covid-19, tha An Comunn Gàidhealach a' cur air dòigh tachartas measgaichte. Thèid seo a choileanadh tro bhith a' togail air soirbheasan Mòd air-loidhne 2020 agus na chaidh ionnsachadh bhuaithe.
- 4.2 Bidh an taobh air-loidhne dhen tachartas a' ruigsinn luchd-amhairc nas fharsainghe agus a' toirt cothrom dhaibhsan a tha thall-thairis com-pàirt a ghabhail ann an cuid de na tachartasan is farpaisean. Tha e cuideachd cudromach a ràdh gu bheil an dòigh-obrach mheasgaichte a' toirt cothrom Baile Inbhir Nis agus sgìre na Gàidhealtachd san fharsaingeachd a thaisbeanadh air àrd-ùrlar ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta. Ach, thathar cuideachd a' tuigsinn ro mhath gu bheil na pàirtean aghaidh ri aghaidh fìor chudromach ann a bhith a' toirt nam buannachdan sòisealta is sunnd a tha an lùib a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail gu buil, agus cuideachd riatanach ann a bhith a' lìbhrigeadh nam buannachdan eaconamach nas fharsainghe a tha an lùib an tachartais.
- 4.3 Am measg nam prìomh thachartasan a tha air an dealbh tha: Fosgladh Oifigeil; buidhnean cànan, ciùil agus òigridh; tachartasan spòrs – a' gabhail a-steach farpaisean iomain do dh'fhìreannaich is do bhoireannaich; seirbheis eaglaise; farpaisean air-loidhne; tachartasan a' buntainn ri Bliadhna nan Cladaichean is nan Uisgeachan; farpais Bonn Òir a' Chomuinn, agus farpaisean dràma. Nas anmoiche san t-seachdain bidh farpaisean nan inbheach a' tòiseachadh le 14 còisir a' gabhail com-pàirt agus thèid farpais Bonn Òir an t-Seann Nòis a chumail. Bidh an t-seachdain a' tighinn gu crìch leis na còisirean uile a' tighinn còmhla air an Disathairne aig Caisteal Inbhir Nis.

Gheibhear fiosrachadh iomlan mu phrògraman a' Mhòid tron cheangal seo:

<https://www.ancomunn.co.uk/nationalmod/mod2021>

Tha tuilleadh fiosrachaidh mu dhreachd phrògram thachartasan lomall a' Mhòid ri fhaotainn ann an **Eàrr-ràdh 1**.

- 4.4 Mar a chaidh a chomharrachadh ann an earrainn nan Cunnart gu h-àrd, tha fhathast beagan mì-chinnt mu thimcheall air na tachartasan a thathar an dùil a chumail aghaidh ri aghaidh seach gu bheil dùbhlain leantainneach ann air sàillibh Covid-19 agus bu chòir coimhead ris a' phrògram sa cho-theacsa seo.

5. Cur air Bhog Oifigeil a' Mhòid

- 5.1 Air an 2 Sultain, chaidh am Mòd a chur air bhog gu foirmeil ri taobh Abhainn Nis. Chuidich Sgioba na Gàidhlig a' co-òrdanachadh seo cuide ri companaidh meadhanan a chuir an Comunn Ghàidhealach an dreuchd agus Sgioba Conaltradh Corporra na Comhairle. Bha Cathraiche Sgioba na Gàidhlig agus an t-lar-Phrobhaist ann a' riochdachadh na Comhairle agus bha ceathrar sgoilearan òga bho Bhun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis cuideachd an làthair.

6. Buidheann Ceangail a' Mhòid

- 6.1 Coltach ri bliadhnaichean roimhe, chaidh Buidheann Ceangail a' Mhòid a chur air dòigh airson taic a chur ris a' Chomunn Ghàidhealach agus Comataidh Eagrachaidh Ionadail a' Mhòid. 'S e dreuchd Buidheann Ceangail a' Mhòid fòram a thoirt seachad airson còmhraidhean a chumail mu chùisean cudromach is mu thoraidhean libhrigidh airson dèanamh cinnteach gu bheil An Comunn Ghàidhealach a' libhrigeadh Mòd Nàiseanta Rìoghail fìor shoirbheachail ann am Prìomh-bhaile na Gàidhealtachd.
- 6.2 Tha Manaidsear Baile Inbhir Nis na chathraiche air Buidheann Ceangail a' Mhòid agus tha riochdairean bho sheirbheisean Comhairle air a' Bhuidhinn, a' gabhail a-steach Ceadachdan, Slàinte Àrainneachdail agus Foghlam. Airson dèanamh cinnteach gu bheilear a' cleachdadh dòigh-obrach fòcasach is co-òrdanaichte, tha riochdairean cuideachd air a' Bhuidhinn bho phrìomh chom-pàirtichean, nam measg: VisitScotland, Sgioba BID Inbhir Nis, High Life na Gàidhealtachd, agus Eden Court.

7. Riaghlachas agus Stiùireadh

- 7.1 Tha Àrd-Bhuill agus Oifigearan Gnìomhach air coinneachadh ri Àrd-Oifigear agus ri Ceann-suidhe a' Chomuinn Ghàidhealaich airson bruidhinn mu na h-ullachaidhean riaghlachais iomchaidh a tha air dòigh a thaobh maoin eachadh is dealbhadh tachartais airson a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail. Tha Àrd-Oifigear a' Chomuinn Ghàidhealaich air Àrd-shealladh dhen Mhòd Nàiseanta Rìoghail, le cosgaisean agus Plana Ro-innleachdail mionaideach airson Mòd 2021, a chur a-steach gu Comhairle na Gàidhealtachd. Tha am Plana Ro-innleachdail a' gabhail a-steach ullachaidhean tuiteamais airson na thachradh nam biodh buaidh aig atharrachaidhean sam bith a thaobh riaghailtean is stiùiridhean Covid-19. Bidh coinneamhan a bharrachd ann sna seachdainean air thoiseach agus às dèidh a' Mhòid airson dèanamh cinnteach gu bheilear a' cumail sùil air an dòigh sa bheilear a' cleachdadh maoin na Comhairle gus an tachartas a libhrigeadh. Tha Buill na Comataidh mar an ceudna air nochdadh gu bheil ùidh làidir aca an dreuchdan sgrùdaidh a thaobh cleachdadh maoin na Comhairle a choileanadh, agus mar sin bidh cothroman ann seo a dhèanamh sna seachdainean air thoiseach.

Ainmeachadh: Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 8 Sultain 2021

Ùghdar: Mòrag Anna NicLeòid Mitchell

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh:

Appendix

Clar-Ama Iomall a' Mhoid Naiseanta Rioghail 2021 / Royal National Mod 2021 Fringe Programme

Tìotal / Title

Gearr-Thuairisgeul / Blurb

Dihaoine 08/10	Cuirm Fosglaidh a' Mhoid / Opening Mod Concert	An evening of foot-stomping music to celebrate the launch of Mod 2021. Featuring performances from Staran, Glenfinnan Ceilidh Band with special guest, Margaret Stewart.
Disathairne 09/10	Cupa Camanachd a' Mhoid / Mod Shinty Cup	11-12 Gaelic Medium Shinty Coaching Session Primary and U14 run by Gaelic speaking coaches from IOmain Cholmcille
	Ball-Coise / The Mod Cup Football	This year's Mod Football match will see Loch Ness FC and Glasgow Island go head to head to see who will lift the Mod Cup.
	Ruith nan Gàidheal @ Mòd Inbhir Nis	This is a fun opportunity to meet other people with Gaelic on the first Saturday Morning of the Mòd. The runners will meet at Canal Parks beside the Rugby Club before running down the east bank of the Canal towards Dochgarroch and back along the same side - there will be 3k 5k and 10 k routes.
	Disathairne a' Mhoid (Program 1)	A compilation of some of the best performances from day one at the Inverness Royal National Mod.
	Ar Canan 'S Ar Ceol / Our Language Our Music	A celebration of the vibrant & thriving musical heritage of the Highlands... An all star line up of guest musicians such as Duncan
Didomhnaich 10/10	Seirbheis Eaglais a' Mhoid / Mod Church Service	Mod church service from Old High Church, Inverness
Diluain 11/10	Farpaisean na Cloinne	A selection of children's competitions, live at Eden Court
	Ceilidh mun Chagailt	Online Gaelic singing workshop
	Ball- Coise/Football with FC Sonas*	Delivered by CnaG
	Bookbug Session*	Bookbug session for ages 0-5* Delivered by CnaG
	Mini Feis*	Music, art and sports for Primary 1-7* Delivered by CnaG
	Lugh is Cluich le Linda	Lugh is Seinn le Linda at the Mod! Sing, read and play games with Linda. Suitable for 0-5 year-olds.
	Ann an Sealladh Uisge: Ainmean-àite Cladaich is Fìor-Uisge timcheall Inbhir Nis / A Watery View: Place Names of Shore and Freshwater around Inverness	In this lecture, Ruairidh (Roddy) Maclean looks at place names in and around the Highland capital which connect us to water – shoreline, river, loch, spring and bog. Ruairidh draws upon places that appear in his recently published book 'Place Names of Inverness and Surrounding Area'.
	Program Moid Diluain / Monday's Mod Programme	A compilation of some of the best performances across the junior categories.
Dimairt 12/10	Farpaisean na Cloinne	A selection of children's competitions, live at Eden Court
	Ball-Coise/Football with FC Sonas*	Delivered by CnaG
	Bookbug Session*	Bookbug session for ages 0-5* Delivered by CnaG
	Mini Feis*	Music, art and sports for Primary 1-7* Delivered by CnaG
	Family Ceilidh*	Music, dancing and games*
	Lugh is Cluich le Linda	Lugh is Seinn le Linda at the Mod! Sing, read and play games with Linda. Suitable for 0-5 year-olds.
	Program Moid Dimairt / Tuesday's Mod Programme	A compilation of some of the best performances across the junior categories.
	East	A newly commissioned work inspired by coastal happenings and stories from around the Moray Firth,
	Farpaisean Ullachaidh Bonn Or a' Chomuinn Chaidhealaich / The An Comunn Gaidhealach Gold Medal Qualifiers	The qualifying rounds for the An Comunn Gaidhealach Gold Medal
	Ball-Coise/Football with FC Sonas*	Delivered by CnaG
	Bookbug Session*	Bookbug session for ages 0-5* Delivered by CnaG
	Mini Feis*	Music, art and sports for Primary 1-7* Delivered by CnaG

Diciadain 13/10	Farpaisean Ullachaidh An Aigeallan Airgid / The Silver Pendant Qualifiers	The qualifying rounds for the Silver Pendant
	Bonn Oir Tim An Obain / Oban Times Gold Medal	The return of the coveted Oban Times Gold Medal competition
	Tachartas Gàirdeachais agus Cur-air-Bhog Leabhar Ùr Bàrdachd agus Òran / A	Sandy NicDhòmhnaill Jones, Bàrd a' Chomuinn Ghàidhealaich 2019-2021, will read poems and perform songs from her new collection 'The Seventh Wave'.
	Duaisean Litreachais / Literature Awards	Online event
	Waim-sle a' t-Mòd: Òran is còmhraidh le Alasdair MacIlleBhàin / Maim-slè at the Mòd	Alasdair C. Whyte from Muile/Mull (Gaelic Ambassador of the Year 2019) shares drama, song, poetry and prose from his new book, Maim-slè (2021). *
	Farpaisean Crìochnachaidh an Aigeallan Airgid / The Silver Pendant Final	The live final of the Silver Pendant competition
	Program Moid Diciadain / Wednesday's Mod Programme	A compilation of some of the best performances across the clarsach, dancing and senior categories.
	Drama a' Mhoid / Mod Drama	An evening of new Gaelic drama, with performances from community groups Buidheann Dràma Cille Mhòire, Cluicheadairean Uibhist, Sabhal Mòr Ostaig.
	Farpaisean Crìochnachaidh Bonn Or a' Chomuinn Ghaidhealaich / The An Comunn Gaidhealach Gold Medal Final	The live final of the An Comunn Gaidhealach Gold Medal competition
The Clàrsach at the Mòd	Experience our online celebration of 90 years of friendship between The Clàrsach Society and the Royal National Mòd. Accompanied by some of Scotland's finest performers, the BBC's Joy Dunlop takes us from the 1930s to the present day, showcasing players from	
Diardaoin 14/10	Farpaisean Ullachaidh an t-Seann Nois / The Traditional Gold Medal Qualifiers	The qualifying rounds for the Traditional Gold Medal
	Cuirm nan Coisir / Choir Event	Gaelic choirs throughout the country are packed with musical talent and with no choir competitions this year there is an opportunity to hear choirs' favourite choice of songs. Among those taking part are Lochs, Inverness, Nairn, Lairg, Mull, Cowal and the Badenoch Ladies Luadh Group. Eden Court Theatre, 2pm.
	Bookbug Session*	Bookbug session for ages 0-5* Delivered by CnaG
	Kids' Shinty*	Delivered by CnaG
	Cùlturlann session – Eden Court Under Canvas*	Music with local artistes*
	Program Moid Diardaoin / Thursday's Mod Programme	A compilation of some of the best performances across the senior categories.
	Farpaisean Crìochnachaidh an t-Seann Nois / The Traditional Gold Medal Final	The live final of the Traditional Gold Medal competition
Dihaoine 15/10	Farpaisean Inbhich / Adult Competitions	A selection of adults' competitions, live at Eden Court
	Cuirm nan Coisir / Choir Event	A great line up of choirs in today's showcase of choral musical talent. Among the line up are, Oban, Dingwall, Aberdeen, Lothian, Govan, Taynuilt Glasgow Islay, and Lairg Ladies. Eden Court Theatre 2pm.
	Bookbug Session*	Bookbug session for ages 0-5* Delivered by CnaG
	Kids' Shinty*	Delivered by CnaG
	Family Picnic*	Delivered by CnaG

	<p>Ann an Sealladh Uisge: Ainmean-àite Cladaich is Fìor- Uisge timcheall Inbhir Nis / A Watery View: Place Names of Shore and Freshwater</p>	<p>In this lecture, Ruairidh (Roddy) Maclean looks at place names in and around the Highland capital which connect us to water – shoreline, river, loch, spring and bog. Ruairidh draws upon places that appear in his recently published book 'Place Names of Inverness and</p>
	<p>Cuirm Crìochnachaidh a' Mhòid / Mòd Grand Finale</p>	<p>A special night with two of Gaeldom's favourite bands, Sian and New Tradition. Sian have been making their harmonious mark on the Scottish traditional music scene since 2016. Their individual voices blend seamlessly, intertwining atmospheric harmonies to</p>
<p>Disathairne 16/10</p>	<p>Massed Choirs</p>	<p>A massed choir performance at The Northern Meeting Park, Inverness. The Mòd banner will officially be handed over to Perth Mòd 2022 as they take over the reins for next year's event.</p>
	<p>Ceilidh mun Chagailt</p>	<p>Online Gaelic singing workshop</p>